

# Clann an latha an-dè



Tŷ Gwyn, 1910

Gille-eòin

# An Sgeulachd

Aon latha tràth aig toiseach an t-Samhain 1910, thug Peadar MacUilleim nithean bho Tuathanas Tŷ Gwyn, far an robh e a fuireach còmhla ri uncail agus antaidh, Mòrag agus Uilleam MacUilleim, agus chaidh e à sealladh.

## Cidsin



Bhiodh bean an tuathanaich a' cur seachad a' mhòr-chuid de h-ùine anns a' chidsin. Dh'fheumadh i a bhith a' còcaireachd, a' nighe, a' glanadh agus ag iarnaigeadh. Dh'fheumadh i cuideachd rudan eile a dhèanamh, leithid mucan a bhiadhadh, uighean a chruinneachadh, bà no goibhrean a bhleoghainn agus càise agus ìm a dhèanamh. Nam biodh an duine aice tinn dh'fheumadh i cuid dhen obair aigesan a dhèanamh cuideachd.

## Nithean



Seo poit mhòr airson còcaireachd. Cha robh dealan no gas aig Tŷ Gwyn 's mar sin bha a' chòcaireachd air a dèanamh air an stòbha anns a' chidsin, a bha air a theasachadh leis an teine. Ghabhadh a' phoit mhòr cur air an uachdar theth air neo a' crochadh os cionn nan lasraichean.



Seo clapairean-ime. Bhiodh an t-ìm a dhèanadh tuathanaich bhon bhainne a gheibheadh iad bho na bà 's na goibhrean aca air a ghearradh 's air a chumadh. Bha bàrr a' bhainne air a chur mun cuairt gus am briseadh e na ìm 's na uisge. Bha an t-uisge an uair sin air a shìoladh 's air fhàisgeadh às, a' fàgail dìreach an ime às a dhèidh. Bhiodh biadh sam bith a bharrachd a dhèanadh iad air a reic sa mhargaidh.



Seo soitheach hama. Bhiodh a' mhòr-chuid de thuathanaich a' cumail mhucan. Bhiodh iad gan reamhrachadh le criomagan bhon chidsin gus am biodh iad reamhar gu leòr airson an ithe. Airson beagan làithean an dèidh dhaibh a' mhuc a mharbhadh, dh'itheadh an teaghlach muicfheòil ùr. Ach bha a' mhòr-chuid den mhuic air a dèanamh na hama a sheasadh na b' fhaide, oir cha robh fuaradairean no reothadairean aca.



Cha robh uaireadair aig a h-uile duine. Air an dùthaich bhiodh daoine a' tòiseachadh agus a' stad an cuid obrach a rèir na h-aimsire, na ràithe agus dè na h-obraichean a bha rin dèanamh. Bha uaireadairean daor cuideachd. Nam faigheadh cuideigin uaireadair, 's dòcha gum b' e sin an rud bu phrìseile a bhiodh aca. Bheireadh iad an aire air uaireadair mar seo is bhiodh e a' dol bho athair gu mac gu ogha.

## LUCHD-FIANAIS



"Thug Mòrag suas mi feuch am b' urrainn dhomh dad a dhèanamh dhan duine aice. Chan eil airgead aice airson dotair neo cungaidh-leighis. Bidh mi a' cuideachadh, eil fhios agad, nuair a bhios daoine tinn le lusan 's cungaidhean, leigheasan dachaigheil. Agus gu math nas saoire na prìs an dotair..."

Co-dhiù, tha sinn a' tilleadh sìos an staidhre agus tha i a' faicinn gu bheil rudan a dhìth bhon chidsin, hama agus ìm. "Chaidh an goid!" ars ise.

"Mèirleach neònach," thuirt mi rithe, "a' toirt leis biadh ach a' fàgail an uaireadair-pòcaid sin. Tha e nas coltaiche gu bheil iad aig Tòmas Griffiths na phreas-bidhe."

An uair sin, tha Mòrag a' mothachadh gu bheil na rudan aig Peadar air falbh cuideachd - dèideagan, a shlat-iasgaich agus einnsean trèana. Tha gràdh aige air an einnsean sin. Bha e aige a' chiad uair a nochd e an seo cuide ri athair. Fad an astair à Cardaf. Thuirt Eanraig, athair Pheadair, nach b' urrainn dha coimhead às a dhèidh tuilleadh, o chaochail màthair Pheadair.

"'S e Peadar a th' ann, 's e dh'fhalbh le na rudan sin," arsa Mòrag. "Fuirich gus am beir mise air." Nuair a thill mi feasgar an-diugh ge-tà, le cungaidh do Mhgr MacUilleim, tha iomagain oirre. Tha i a' smaoinachadh gur dòcha gu bheil Peadar air teicheadh a Chardaf an dèidh athair.

## An Sgeulachd

Cidsin: tha antaidh Pheadair air faighinn a-mach gun deach an creachadh. Chaidh falbh le hama agus ìm agus cuideachd cuid dhe na dèideagan aig Peadar. Ach thug Màiri Jenkins an aire gun do dh'fhàg am mèirleach uaireadair luachmhor.

## Stàball



Bha mòran thuathanasan Cuimreach cho beag 's gun dèanadh an teaghlach fhèin an obair gu lèir. Cha bhiodh air tuathanas Tŷ Gwyn ach taigh tuathanais, sabhal, stàball agus glè bheag eile. Chuireadh iad arbhar ann an achadh no dhà agus bhiodh treud beag de chrodh no de chaoraich aca. Air tuathanas beag mar sin bha e an-còmhnaidh doirbh airgead gu leòr a dhèanamh.

## Nithean



Seo speal. Fad ceudan bhliadhnachan bha seo air a chleachdadh gus feur agus arbhar a bhuain. Ann an 1910 bha na tuathanasan bu mhotha a' cleachdadh innealan a bhiodh eich a' tarraing 's bhiodh iad sin gu math na bu luaithe. Ach bha tuathanasan beaga fhathast a' cleachdadh speal. Dh'fheumadh crodh agus eich feur tioram ithe tron gheamhradh air neo cha mhaireadh iad beò.



Bhiodh bràighde ga cur mu amhaich eich nuair a bhiodh aige ri crann a tharraing. An uair sin bha an crann air a cheangal ris a' bhràighde. Cha robh tractaran ann 's mar sin bha an obair throm air fad air a dèanamh le eich. Ann an 1910, bha còrr is millean each ag obair air tuathanasan Bhreatainn.



Chleachd tuathanaich cairtean air an tarraing le eich gus luchdan troma a ghluasad. Bha na rothan air an dèanamh le rothadairean. Chleachd rothadairean fiodh eadar-dhealaichte airson nam diofar phìosan san roth. Bha na h-oirean fiodha air an dìon le bhith a' cur bann meatailt timcheall orra. Dhèanadh gobha seo. Bha an rothadair agus an gobha a' crochadh air obair-tuathanais airson mòran dhen obair aca, mar a bha mòran luchd-obrach.



Dh'fheumadh clann air tuathanasan obair a dhèanamh. Uaireannan chleachdadh iad todha, airson cuidhteas fhaighinn de luighean eadar sreathan buntàta. Bhiodh iad cuideachd a' tarraing uisge bhon tobar, a' toirt a-steach an fheòir, agus a' cuideachadh leis an fhogharadh. Ach an obair bu mhiosa a bh' ann, 's e a bhith a' togail nan clachan gu lèir ann an achadh gus nach milleadh iad iarann crainn no speala.



Seo inneal fiodha airson eagal a chur air eòin. Dhèanadh e fuaim mhòr nan crathadh tu e. An dèidh dhan arbhar a bhith air a chur, thigeadh eòin a-nuas a dh'ithe an t-sìl. Mar sin bhiodh leanabh, mar Peadar MacUilleim, air a chur a-mach dha na h-achaidhean le inneal airson eagal a chur air na h-eòin. Sgrìobh Seòras Ewart Evans gum b' e obair fìor aonaranach a bha seo agus gun robh e gu math fuar ro dheireadh an latha.

## LUCHD-FIANAIS



"An trustar balach a tha sin! Tha e air mo thuarastal a ghoid! Agus dè th' agam na àite? Litir bheag a sgrìobh e thugam. 'S deagh fhios aige nach urrainn dhomh leughadh!

B' fheudar dhomh iarraidh air antaidh a leughadh dhomh. Gu dearbh cha robh i toilichte. Co-dhiù, tha fhios aice a-nis nach do dh'fhalbh mi le na rudan eile sin.

Uill, ma-thà, dè sgrìobh e? 'A Thòmais chòir' ars esan. O aidh, abair còir. 'Duilich. Dh'fheumainn an deamhais a thoirt leam.' Tha sin ceart gu leòr ma-thà, nach eil? Tha gach nì soilleir a-nis. Gheall d' antaidh an deamhais sin dhomh oir cha robh airgead aice airson mo phàigheadh. Cha b' e am bargan a b' fheàrr riamh. Mar sin thill mi dha h-iarraidh. Bha i air a' bhòrd. Thill mi bho bhith a' cartadh na fail-mhuc 's cha robh sgeul oirre! Dè nis a bheir do mhàthair dhomh mar thuarastal?

'Thug mi leam mo shlat-iasgaich cuideachd. Pàighidh mi air ais thu cho luath 's as urrainn dhomh.' Tha mi cinnteach gum bi e air an deamhais sin a reic ri cuideigin ron seo. Chan fhaic mise sgillinn dhen t-airgead. 'S math dh'fhaoidte gu bheil e air a chosg air slat-iasgaich ùr. Sin na bhios e a' dèanamh. A' dol a dh'iasgach an àite bhith a' dol dhan sgoil.

Chan eil e far a bheil còir aige bhith, a' teicheadh nan eun bhon achachadh-chùil sin, oir tha an t-inneal airson eagal a chur air eòin an seo fhathast."

## An Sgeulachd

Cidsin: tha antaidh Pheadair air faighinn a-mach gun deach rudan a ghoid. Chaidh falbh le hama agus ìm agus cuideachd cuid dhe na dèideagan aig Peadar. Ach thug Màiri Jenkins an aire gun do dh'fhàg am mèirleach uaireadair luachmhor.

Stàball: dh'fhàg Peadar litir aig Tòmas ag ràdh gun robh e air an deamhais a thoirt leis. Bha an t-slat-iasgaich air falbh cuideachd. Shaoil Tòmas gun robh Peadar air a dhol a dh'iasgach, nuair a bha còir aige a bhith a' cur an eagail air eòin.

## Sgoil



Gu tric cha bhiodh ach aon sheòmar ann an sgoiltean air an tuath. Bha clann de gach aois air an teagasg anns an aon sheòmar. Shuidheadh a' chlann a b' òige faisg air a' bhòrd-dhubh, agus an fheadhainn bu shine aig a' chùl. Mar bu trice cha bhiodh ann ach an aon tidsear ach 's dòcha gun taghadh an tidsear sgoilear mar thidsear, aon de na sgoilearan a bu shine a chuidicheadh a' chlann a bha na b' òige len cuid obrach.

## Nithean



Tha an aibidil Chuimreach air a' phostair seo. Tha a cànan fhèin aig A' Chuimrigh ach cha robh Cuimris aig a h-uile duine

sa Chuimrigh. Bha barrachd ga bruidhinn ann an cuid a dh'àitean na bha ann an cuid eile. Tha a' mhòr-chuid de na litrichean air a' phostair coltach ris an aibidil Bheurla. Tha cuid dhe na litrichean Bheurla a dhìth ged a tha litrichean a bharrachd ann an Cuimris. Feuch an lorg thu iad.



Bha abacas ann airson clann a chuidicheadh gus cunntadh ionnsachadh. Ann an 1910, bhiodh clann ag ionnsachadh leughadh, sgrìobhadh agus matamataig. 'S dòcha gun saoil thu nach eil mòran an sin ach bha sin na b' fheàrr na bha ann roimhe. Bha mòran inbheach ann nach b' urrainn leughadh no sgrìobhadh idir. Dh'fheumadh clann a dhol dhan sgoil ach bhiodh mòran dhiubh gu tric a' fuireach aig an taigh airson am pàrantan a chuideachadh.



Nuair a thòisicheadh clann san sgoil, bhiodh iad ag ionnsachadh mar a sgrìobhadh iad air sglèat le peansail sònraichte. Na b' fhaide air adhart, dh'fhaodadh iad peann fiodha le gob meatailt a chleachdadh airson sgrìobhadh le inc air pàipear. Dh'fheumadh iad an gob a stobadh ann an inc gach beagan fhaclan. Bha poit bheag bhìodach anns gach deasg airson inc.



Bhiodh a' mhòr-chuid de sgoiltean air an tuath air an teasachadh le stòbha. Dh'fheumadh mòran den chloinn grunn mhiltean a choiseachd dhan sgoil, gu tric san uisge agus thiormaicheadh iad an cuid aodaich mun stòbha.

Uaireannan bhiodh ceò a' lìonadh an t-seòmair agus dh'fheumadh

a' chlann falbh a-mach. Tha leabhar-latha sgoile bho 1899 ag ràdh gun robh e fìor dhoirbh obair a dhèanamh san sgoil air sgàth a' cheò 's gun deach a' chlann a chur dhachaigh tràth.



Tha an deamhais chaorach seo san t-seòmar-theagaisg, oir thug an tidsear i bho sgoilear airson a cumail gu sàbhailte. Aig deireadh a' gheamhraidh dh'fhaodadh còta clòimhe caora a bhith air a bhearradh. Bhiodh an rùsg an uair sin air a reic.

Uaireannan nan dèanadh caora strì ri teicheadh, ghearradh an deamhais i. Gus an sileadh fala a stad, shuathadh an tuathanach tèarr theth air an lot.

## LUCHD-FIANAIS



Nuair a dh'èigh mi an clàr-ainmean an-diugh cha robh Peadar MacUilleim an làthair. Cha b' e dad ùr a bha seo tha eagal orm. Tha fhios a'm nach eil uncail gu math, agus tha feum aca air na gheibh iad de chuideachadh air an tuathanas an-dràsta.

Ach chan e sin a th' ann. Chan ann à seo a tha e ach à Cardaf tha mi a' tuigsinn. Tha e air ùr-thighinn agus mura dèan thu thu fhèin ris an àite sa spot, tha e doirbh muinntir an àite a thoirt gu do thaobh.

Cha robh e an làthair sa mhadainn an-diugh. An uair sin mu leth-uair an dèidh deich, lìon an stòbha an seòmar le ceò a-rithist. Dh'fhàs e cho dona 's gun do chuir mi iad uile a-mach a dhèanamh an drile, aca fhad 's a chuirinn-sa an stòbha air dòigh. Chan eil mi air a' chùis a dhèanamh air fhathast.

Co-dhiù, thug mi sùil a-mach a-rithist feuch an robh iad a'

dèanamh an cuid eacarsaich, agus cò bha ann ach Peadar MacUilleim 's e a' toirt rudan a-mach à poca 's gan toirt do dh'Eideard Roberts. Chaidh mi a-mach ach cho luath 's a chunnaic e mi thog e air, sìos an caolshràid a dh'ionnsaigh na h-aibhne. Cheasnaich mi Eideard Roberts agus dh'innis e dhomh gun robh MacUilleim air iarraidh air rudan a cheananch bhuaithe, nam measg an deamhais! Sin an t-adhbhar 's gu bheil mi ga cumail a-staigh an seo gus am bi an sgoil seachad.

## An Sgeulachd

Cidsin: tha antaidh Pheadair air faighinn a-mach gun deach rudan a ghoid. Chaidh falbh le hama agus ìm agus cuideachd cuid dhe na dèideagan aig Peadar. Ach thug Màiri Jenkins an aire gun do dh'fhàg am mèirleach uaireadair luachmhor.

Stàball: dh'fhàg Peadar litir aig Tòmas ag ràdh gun robh e air an deamhais a thoirt leis. Bha an t-slat-iasgaich air falbh cuideachd. Shaoil Tòmas gun robh Peadar air a dhol a dh'iasgach, nuair a bha còir aige a bhith a' cur an eagail air eòin.

Seòmar-sgoile: cha deach Peadar dhan sgoil an latha sin. Chunnaic an tidsear e a' toirt poca dha burraidh na sgoile.

## Raon-cluiche na Sgoile



Nuair nach robh ach aon sgoil ann an sgìre, bhiodh a' chlann gu lèir a' dol innte. B' ann ann an raon-cluiche na sgoile a bhiodh clann bho shuidheachaidhean eadar-dhealaichte a' coinneachadh agus a' cluich còmhla. Ach bhiodh iad cuideachd ag argamaid agus a' dol a-mach air a chèile. Bhiodh cuid dhiubh a' fulang burraidheachd, gu h-àraidh ma bha iad, mar a bha Peadar MacUilleim, eadar-dhealaichte air dòigh air

choreigin.

## Nithean



Bha clagan beaga umha anns a' chlag-bhalbh fhiodha seo. 'S ann airson eacarsaich a bha e. Cha d' rinn clann PE nuair a bha Peadar MacUilleim san sgoil, ach rinn iad Drile. Bha còir aig Drile a' chlann a dhèanamh fallain agus làidir.

Nuair a bhiodh droch shìde ann, bha eacarsaichean Drile ann a dhèanadh iad aig na deasgaichean aca. Bhiodh leabhraichean ann airson thidsearan a bha a' sealltainn eacarsaichean Drile.



B' e dòtaman agus cuip gèam cloinne. Bhiodh sreang na cuipe air a shuaineadh mun dòtaman. Airson gun tòisicheadh an dòtaman a chur charan, bha e air a tharraing air falbh gu luath. Cha robh cuipean agus dòtamanan daor ach dh'fheumadh cuid a chloinn an cuid fhèin a dhèanamh. Chuireadh iad bioran goirid tron toll ann am piorna agus an uair sin shnaigheadh iad 'ad le chèile ris a' chumadh cheart le sgian gheur.



Thoir sùil gheur air na pìosan maide seo. Tha gach ceann den fhear as giorra air an geurachadh gu cùramach nan goban biorach. 'S e na pìosan fiodha sin a dh'fheumas tu airson Cat is Cù a chluich, gèam car coltach ri cuairtearan no rounders. Dh'ionnsaich clann air an tuath mar a ghearradh iad rudan le sgian-pòcaid agus ged nach biodh dèideagan aca, dh'fhaodadh iad fhathast rudan a dhèanamh leis an cluicheadh iad.



Air an tuath bha gu leòr aibhnichean, uillt agus lòintean ann. Sin a bu choireach gun robh uimhir a chlann ag iasgach. Cha chosgadh e mòran airgid. Chan fheumadh tu slat-iasgaich a cheannach. Dh'fhaodadh tu tè a dhèanamh dhut fhèin.

Cha robh a dhìth ort ach geug fada dìreach, sreang, agus prìne lùbte mar dhubhan. Cuir iad ri chèile iad agus bha slat-iasgaich agad.



Cha robh mòran airgid aig a' mhòr-chuid de theaghlaichean. Dh'fheumaidh iad na bh' aca a chur a-mach air biadh, teas agus màl. Chan fhaigheadh a' chlann aca ach aon dèideag no a dhà sa bhliadhna, nam biodh iad fortanach. Bhiodh an einnsean trèana seo air leth sònraichte. Bheireadh leanabh fìor dheagh aire air. Cha toireadh e seachad e, fiù 's airson airgead, gun adhbhar fìor mhath.

## LUCHD-FIANAIS



"An toiseach, b' ann feargach a bha mi seach iomagaineach. Dh'fheumadh e bhith gur e Peadar a dh'fhalbh le na rudan sin. Ach carson a bha e air an toirt leis? Airson an toirt do chuideigin? Airson an reic?"

An uair sin thuig mi. Bidh e an-còmhnaidh a' faighneachd carson nach uarrainn dha tilleadh a dh'fhuireach còmhla ri athair. Tha mi air a mhìneachadh dhà uair is uair, 's e seo an

dachaigh aige a-nise. Dè ma tha e air airgead fhaighinn airson teicheadh air ais a Chardaf? 'S an uair sin smaoinich mi gur ann ri miastadh a bhiodh e.

Mar sin thòisich mi a' coimhead air a shon, timcheall air an tuathanas, shìos ri taobh na h-aibhne far am bi e ag iasgach, agus an seo aig an sgoil. Agus tha mi air faighinn a-mach gu bheil e air a bhith an seo, gun tuirt Eideard Roberts gun tug e sia sgillinn do Pheadar airson na deamhais, na dèideagan sin, an t-slat-iasgaich agus an einnsean trèana. Cha do reic e a' hama no an t-ìm ge-tà.

Nuair a dh'fhaighnich mi dhaibh càite an deach e, thuirt iad gu Bridgend. Tha sin mìltean air falbh, ach rachadh tu an sin an toiseach airson faighinn gu Cardaf. Dh'fhaighnich e cuideachd an robh fios aig duine càite an robh an Dotair a' fuireach."

## An Sgeulachd

Cidsin: tha antaidh Pheadair air faighinn a-mach gun deach rudan a ghoid. Chaidh falbh le hama agus ìm agus cuideachd cuid dhe na dèideagan aig Peadar. Ach thug Màiri Jenkins an aire gun do dh'fhàg am mèirleach uaireadair luachmhor.

Stàball: dh'fhàg Peadar litir aig Tòmas ag ràdh gun robh e air an deamhais a thoirt leis. Bha an t-slat-iasgaich air falbh cuideachd. Shaoil Tòmas gun robh Peadar air a dhol a dh'iasgach, nuair a bha còir aige a bhith a' cur an eagail air eòin.

Seòmar-sgoile: cha deach Peadar dhan sgoil an latha sin. Chunnaic an tidsear aige e a' toirt poca dha burraidh na sgoile.

Raon-cluiche: thug Eideard sia sgillinn do Pheadar airson na deamhais, nan dèideagan agus na slait-iasgaich. Ach cha do reic e am biadh. Thuirt a' chlann gun deach e gu Bridgend agus gun robh e a' faighneachd càite an robh an Dotair a' fuireach.

## Beachd an Eòlaiche

Chan urrainn dhuinn a chaidh a ràdh le làn chinnt càite an deach Peadar an latha sin. Ach le bhith a' cleachdadh nam tuairmsean, dh'obraich mi a-mach dè bu dòcha a thàchair.

A. Tha cungaidh lusrach Mhàiri ag innse dhuinn gu bheil uncail Pheadair uabhasach tinn. Tha i cuideachd ag ainmeachadh gu bheil Mòrag air mothachadh do rudan a bha a dhìth.

B. Ann an litir gu Tòmas, tha Peadar a' sgrìobhadh gu bheil e air an deamhais a thoirt leis agus gum pàigh e air ais e cho luath 's as urrainn dha. Le seo, saoilidh sinn gun robh dùil aig Peadar tilleadh dhan tuathanas ach gun robh feum aige air airgead airson rudeigin.

C. Tha na notaichean aig an tidsear anns a' chlàr-ainmean ag ainmeachadh gun tug Peadar poca làn rudan, nam measg deamhais, do dh'Eideard Roberts.

D. Tha an leabhar-latha aig Mòrag a' dearbhadh gun do reic Peadar a chuid dhèideagan agus an deamhais air sia sgillinn agus gun do dh'fhaighnich e dha charaidean sgoile càite an robh an dotair a' fuireach.

An do thagh thu cuid de na tuairmsean sin? A bheil fios agad dè thachair? Tiugainn ach am faigh sinn a-mach...



Tidsear: Nuair a thuirt Bean MhicUilleim gur dòcha gu robh Peadar a' teicheadh a Chardaf, thuirt mise gu falbhainn às a dhèidh. Uill, bha fhios agam gum bithinn na bu luaithe. Shaoil mi gur dòcha gum beirinn air fiù 's mus ruiginn Bridgend, ach cha d' rug. Bha e dorcha mus d' fhuair mi ann. Bha beachd agam càite an coimheadainn an toiseach. Bha aon de na sgoilearan air innse dhomh gun robh Peadar a' faighneachd mun Dotair.



Bha e dìreach a' gnogadh air an doras nuair a lorg mi e. Hama ann am parsail na ghàirdeanan, ìm ann an aon làimh agus làn chròige de sgillinnean san tèile. Chuir e iongnadh mòr air an Dotair nuair a dh'fhosgail e an doras.



Mòrag NicUilleim: A' chiad rud a chuir iongnadh orm, 's e each agus cairt a chluinntinn a' stad anns a' ghàrradh. Bha iongnadh na bu mhotha gu bhith orm ge-tà. Thàinig Peadar a-steach 's an Dotair às a dhèidh.



B' ann an uair sin a-mhàin a thuig mi dè bha Peadar air a bhith ris. Bha e air na rudan sin a thoirt leis airson an Dotair a phàigheadh, agus bha e air a dhol dha iarraidh na aonar. Theab mi caoineadh. An Dotair, uill, cha chumadh e a' hama 's an t-ìm, no am beagan sgillinnean a bha Peadar air a thoirt dha. Thuirt e gum faodamaid a rèiteachadh nuair a bhiodh Uilleam air a chasan a-rithist.



Agus Peadar, cha d' fhuair e riamh an einnsean aige air ais bho Eideard Roberts. Ach thuirt e gum b' fhiach e ach am faiceadh e Uncail slàn fallain a-rithist.